

ÀM RI TEACHD ... NA H-ALBA

NA CHUALA
SINN

Gairm nàiseanta
airson atharrachadh

Samhain 2025



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba



A' CUMADH ÀM RI TEACHD FEARANN NA H-ALBA

Tha mar a tha fearann na h-Alba fo shealbh agus air a chleachdadh a' toirt buaidh air cha mhòr a h-uile càil mu ar beatha – far a bheil sinn a' fuireach, na dachaighean as urrainn dhuinn a cheannach, na h-obraichean a tha rim faighinn, agus slàinte na h-àrainneachd agus na h-eaconamaidh ionadail againn. Ach dha mòran daoine, tha an ceangal sin a' faireachdainn fad às. Bidh co-dhùnidhean mu fhearann gu tric a' tachairt fada bho na h-àiteachan agus na daoine air a bheil iad a' toirt buaidh.



Thar nan 25 bliadhna a dh'fhalbh, tha ath-leasachadh fearainn air fìor atharrachadh a thoirt gu buil, ach chan eil an iomairt seachad. Chaidh iomairt **ScotLand Futures** a chur air bhog gus sin atharrachadh – gus deasbad nàiseanta a thòiseachadh mu na tha daoine ann an Alba ag iarraidh bhon fhearann anns na bliadhnaichean ri teachd. Dh'fhaighnich sinn dà cheist shìmplidh ach cudromach:

- Dè na h-atharrachaidhean a bu mhatht leat fhaicinn ann an sealbh agus cleachdadh fearainn ann an Alba agus dè an diofar a dhèanadh sin dhut fhèin, dha do choimhearsnachd no d' obair?
- Nuair a smaoinicheas tu air fearann san sgìre agad, dè as cudromaiche dhut?

Ghabh còrr is **1,200 neach** pàirt — daoine fa leth, coimhearsnachdan, luchd-seilbh fearainn, tuathanaich, luchd-gabhail agus buidhnean air feadh Alba dhùthchail agus bhailteil. Bha e iongantach cho cunbhalach 's a bha na freagairtean: **thuirt còrr is 96% gu bheil feum aig Alba air atharrachadh.**

Dh'innis daoine dhuinn gu bheil fearann cudromach leis gu bheil e na bhunait airson uimhir de na cùisean a tha cudromach dhaibh, bho thaigheadas agus obraichean gu èiginn na gnàth-thìde agus nàdair. Bhruidhinn iad mu chothromachd agus buinteanas, mu uaill ann an àite agus cothrom, agus mun mhiann gum bi co-dhùnaidhean air an dèanamh nas fhaise air an àite air an toir iad buaidh. Tha an geàrr-chunntas seo a' toirt nan guthan sin còmhla. Tha e a' glacadh nam prìomh chuspairean agus bheachdan a cho-roinn daoine tro **ScotLand Futures** agus a' sealltainn, nam faclan fhèin, mar a dh'fhaodadh fearann na h-Alba obair ann an dòigh nas cothromaiche agus nas èifeachdaiche dha na h-uile. Chan e seata de mholaidhean poileasaidh a th' ann. An àite sin, tha e a' mìneachadh air na tha daoine ag iarraidh fhaicinn — gairm phoblach airson atharrachadh. Tha daoine air feadh na h-Alba airson gum bi fearann a' cur ri amasan co-roinnte na dùthcha ann an dòigh nas dìriche: dèiligeadh ri gainnead thaighean, ath-nuadhachadh nàdair, taic do dh'eaconamaidhean ionadail agus toirt barrachd cumhachd do choimhearsnachdan mu sgìrean aca fhèin.

“Tha fearann a’ cumadh gach nì– far a bheil sinn a’ fuireach, mar a bhios sinn ag obair, mar a bhios ar coimhearsnachdan a’ fàs. Tha daoine airson gum bi an cumhachd sin air a roinn nas cothromaiche.”

Còmhla ris an aithisg seo tha Voices From Scotland, pìos co-cheangailte a tha a' co-roinn bheachdan bho stiùirichean coimhearsnachd, luchd-seilbh fearainn, luchd-iomairt, luchd-rannsachaidh, daoine òga, agus luchd-dreuchd. Còmhla, tha iad a' sgrùdadh aon phrìomh cheist: **Cò ris a bhiodh e coltach nan deigheadh turas ath-leasachadh fearainn na h-Alba a thoirt gu buil, agus dè na buannachdan a bheireadh e seachad?**

Chan eil na guthan seo a' tabhann aon fhreagairt ach tha iad ag iarraidh co-obrachadh, a' nochdadh bheachdan eadar-mheasgte, agus a' coimhead ri builean nas fheàrr do dhaoine agus nàdar.

Cleachdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba na chuala sinn tro ScotLand Futures gus fiosrachadh a thoirt don obair agus don chomhairle leantainneach againn, ga dhèanamh soilleir gum bu chòir fearann na h-Alba obrachadh airson a h-uile duine agus gu bheil feum air gnìomh leantainneach gus an t-amas sin a choileanadh.



Micheal Ruiseal

Cathraiche Coimisean Fearainn na h-Alba

96%

THUIRT 96% DE NA DAOINE
SAN T-SUIRBHIDH GU
BHEIL FEUM AIG ALBA AIR
ATHARRACHADH.

AG ÈISTEACHD RI ALBA

1,236

freagairtean
suirbhidh



21

blog stiùiriche
smaoineachaidh



120+

neach-frithealaidh
aig na coinneamhan
poblach againn


2

thagradh
mionaideach



CÒ A GHABH PÀIRT?

GNÈ




45%


Thuit 45% den luchd-
freagairt gur b' e saoranaich
le ùidh a bh' annta

Thàinig freagairtean bho luchd-seilbh
fearainn, buidhnean coimhearsnachd,
proifeiseantaich agus eile.

RAON AOISE



● ● ● THÀINIG
FREAGAIRTEAN BHO
AIR FEADH NA H-ALBA



NA THUIRT IAD



Thog 1 às gach 20

dìth follaiseachd anns an t-siostam làithreach



Thuir 24%

gu bheil cus smachd aig àireamh ro bheag de dhaoine



Thuir còrr is 1 às gach 5

gum bu chòir do luchd-seilbh fearainn a bhith an làthair sa choimhearsnachd



Tha 13%

a' faireachdainn air am fàgail a-mach no nach eil fios aca mu cho-dhùnidhean fearainn ionadail



Thuir 1 às gach 40

gum feumar barrachd a dhèanamh mu fhearann bàn agus air a thrèigsinn



Mhol 1 às gach 10

atharrachaidhean cìse mar shlighe gu cothromachd agus tarbhachd

THOG 1 ÀS GACH 20 DÌTH FOLLAISEACHD ANNS AN T-SIOSTAM LÀITHREACH



THA DAOINE AIRSON FAIGHINN A-MACH CÒ AIG A THA SEALBH AIR ALBA



Thar bhailtean mòra, bailtean beaga agus eileanan, b' e follaiseachd aon de na teachdaireachdan as làidire. Dh'innis daoine dhuinn gu bheil e ro dhoirbh faighinn a-mach cò leis a tha fearann, agus gu bheil dìth follaiseachd a' leantainn gu dìth earbsa. Dh'iarr timcheall air aon às gach 20 (5.4%) den luchd-freagairt gu soilleir barrachd follaiseachd mu cò leis a tha fearann ann an Alba.

“Cha bu chòir do choimhearsnachdan a bhith an eisimeil fhathannan agus fios air thuairam gus faighinn a-mach cò leis a tha fearann a bheir buaidh dhìreach air adhartas coimhearsnachd agus càileachd beatha dhaoine.”

IAIN, DÙN BREATANN AN EAR

Bhruidhinn mòran air suidheachaidhean far an robh achadh, coille no togalach trèigte air a bhith gun chleachdadh airson bhliadhnaichean, gun fios aig duine cò bha an urra ris. Nuair nach eil fios cò leis a tha e, thuirt iad, tha coimhearsnachdan air am fàgail gun chumhachd dad a dhèanamh no eadhon còmhraidh a thòiseachadh. Dh'iarr luchd-freagairt Clàr Fearainn coileanta is ruigsinneach, rannsachaidhean nas saoire no an-asgaidh, agus fiosrachadh nas soilleire mu na tha luchd-seilbh an dùil a dhèanamh leis an fhearann aca. Thuirt feadhainn nach e sealbh leis fhèin an duilgheadas – is e dìth fosgarrachd agus cunntachalachd a tha a' fàgail dhaoine mì-thoilichte.

“Bu chòir dha a bhith e comasach faighinn a-mach gu furasta cò leis a tha pìos talmhainn agus, a thaobh raon fearainn mòr, gum biodh e comasach tuigse fharsaing fhaighinn air dè na prìomh amasan riaghlaidh a th' ann.”

BOB, FÌOBHA

Chomharraich dusanan de dhaoine cuideachd atharrachaidhean seilbh mar àm gu sònraichte cudromach nuair a tha feum air follaiseachd, a' toirt fa-near nach eil mòran fiosrachaidh aig coimhearsnachdan mu luchd-seilbh ùra no na rùintean aca, agus faodaidh seo fathannan agus dragh adhbhrachadh. Tha taic ann airson na dh'fhaodadh Planaichean Riaghlaidh Fearainn a dhèanamh airson follaiseachd a leasachadh.

Tha daoine a' faicinn follaiseachd mar a' chiad cheum a dh'ionnsaigh earbsa ath-thogail agus faireachdainn de dhleistanas co-roinnte a chruthachadh airson fearann na h-Alba.



CUS CUMHACHD AIR FEARANN AIG RO BHEAG DE DHAOINE



Tha timcheall air cairteal de luchd-freagairt (24.4%) den bheachd gu bheil sealbh fearainn – agus an cumhachd a thig na lùib – aig àireamh ro bheag de dhaoine. Mhìnich iad na droch bhuilean air daoine: an teaghlach òg nach urrainn fearann a lorg airson taigh; an gnìomhachas beag nach urrainn leudachadh; a’ choimhearsnachd a chì an t-àm ri teachd air a stiùireadh le co-dhùnaidhean a thèid a dhèanamh ann an àiteachan eile.

“Le fearann thig cumhachd agus faodaidh an fheadhainn aig a bheil raointean mòra dheth buaidhean eaconamach, poilitigeach, sòisealta agus àrainneachdail a thoirt gu buil nach bi buannachdail do choimhearsnachdan ionadail agus mar sin don dùthaich gu h-iomlan.”

LESLEY, SIORRACHD SHRUIGHLEA

“Tha sealbh fearainn a’ toirt smachd neo-chothromach do dh’àireamh bheag de dhaoine air mar a tha Alba a’ coimhead, agus mar a tha an sluagh beò agus ag obair.”

DONNA, CATAIBH

Tha daoine ag iarraidh pàtran seilbh nas cothromaiche agus nas eadar-mheasgte. A thuilleadh air draghan mu bhuidh cumhachd agus seilbh air a chruinneachadh aig beagan dhaoine, bhruidhinn luchd-freagairt air deagh chothrom airson pìosan beaga fearainn a bhith aig barrachd dhaoine fa leth. Bhruidhinn iad gu dòchasach mu thuathanasan teaghlaich, croitean, urrasan coimhearsnachd agus iomairtean beaga ionadail – modalan a chumas airgead agus co-dhùnadh freumhaichte san sgìre ionadail.

Thog iad raon farsaing de cothroman airson gabhail beagan fearainn, bho thaighean fèin-thogail, fàs bìdh, stiùbhardachd choilltean, cleachdadh àrainneachdail agus ghoireasan.

Dh'iarr mòran cuideachd gnìomh poblach nas dàna gus cothrom fhosgladh: taic nas làidire do shealbh coimhearsnachd, cuideachadh do dhaoine fa leth gus cothrom fhaighinn air fearann airson taigheadas no gnìomhachas, agus crìochan nas soilleire air cus dùmhlachd seilbh.

“Coltach ri mòran eile, tha mi airson a bhith a’ faireachdainn freumhaichte ann an àite as urrainn dhomhsa a chumadh. Tha mi airson rudeigin maireannach a thogail airson mo theaghlach. Tha mi ag iarraidh cothrom a bhith a’ fuireach, ag obair agus a’ fàs ann an coimhearsnachd far a bheil an talamh a’ toirt taic dhuinn, chan ann dìreach dhan an fheadhainn a gheibh prothaid às”

RORY, FÌOBHA

“Bu chòir cothroman a bhith aig coimhearsnachdan compàirteachadh le luchd-seilbh fearainn prìobhaideach a dh’ionnsaigh obraichean a chruthachadh, gleidheadh beairteis agus calpa nàdarra”

SCOTT, DÙN ÈIDEANN

Bha cothromachd na chuspair aig cha mhòr a h-uile freagairt. Ge bith ann an sgìrean dùthchail no bailteil, tha daoine ag iarraidh gum bi fearann na phàirt den fhuasgladh a bheireadh taic do bheatha, dachaighean agus foghainteachd ionadail, chan e bacadh orra.

“Bu chòir do luchd-ceannaich agus luchd-seilbh a bhith a’ fuireach ann an Alba agus a’ fuireach sa choimhearsnachd far a bheil am fearann. Chuidicheadh seo le bhith a’ dèanamh cinnteach gum bi co-dhùnaidhean mu mar a thèid fearann a chleachdadh air an dèanamh le daoine a tha dha-rìribh a’ tuigsinn a’ cho-theacsa ionadail agus a tha an sàs ann am sunnd fad-ùine”

RAONaid, DÙN PHRÌS IS GALL-GHÀIDHEALBHA



The background image is a scenic view of a coastal town, likely in Scotland. In the foreground, there's a body of water with a few small boats. A stone wall runs along the waterfront. Behind the wall, there's a row of colorful houses in shades of white, pink, blue, and green. On a hill behind the houses, there's a large, dark stone church with multiple gables. The hill is covered in lush green trees. In the background, there's a body of water and distant hills under a dramatic sky with scattered white and grey clouds. The text is overlaid on the top left of the image.

THUIRT CÒRR IS **1 ÀS** **GACH 5** GUM BU CHÒIR DO LUCHD-SEILBH FEARAINN A BHITH NAM PÀIRT DEN CHOIMHEARSNACHD

NAM PÀIRT DEN ÀITE



Tha faireachdainn de bhuineanas ceangailte ri ceistean mu shealbh. Thuirt timcheall air aon às gach còignear (21%) gum bu chòir dhaibhsan aig a bheil pàirtean mòra de dh'Alba a bhith nam pàirt de na coimhearsnachdan air a bheil buaidh aca.

“Ma tha fearann agad ann an Alba, bu chòir dhut fuireach ann an Alba.”

THERESA, SIORRACHD LANNRAIG A TUATH

“Tha sealbh neo-làthaireach na dhuilgheadas oir chan eil cunntachalachd ann. Bu chòir dha na daoine aig a bheil sealbh air fearann a bhith a’ fuireach agus ag obair an sin — bu chòir dhaibh a bhith nam pàirt den choimhearsnachd.”

SHIREEN, DÙN ÈIDEANN

Bha sealbh neo-làthaireach, ge bith an ann le daoine fa leth, companaidhean no luchd-tasgaidh thall thairis, air fhaicinn mar phrìomh adhbhar mì-thoileachais. Thug daoine cunntas air droch bhuilean eaconamach is sòisealta leithid lùghdachadh ann an caiteachas ionadail, dìth compàirteachaidh, agus faireachdainn gu bheil co-dhùnaidhean air an dèanamh fada air falbh.

Bha am meudachadh luath ann an sealbh fearainn neo-làthaireach corporra agus eadar-nàiseanta air fhaicinn mar rud gu sònraichte cronail do bhannan coimhearsnachd. Bha faireachdainn nach robh cumhachd sam bith agad nuair a bhiodh fearann ga reic no ann a bhith a’ feuchainn ri conaltradh le buidheann chorporra gun aghaidh air a chomharrachadh le mòran mar fhìor dhùbhlàn mì-mhisneachail.

Dh’aidich cuid eile nach urrainn no nach bi a h-uile sealbh-dair a’ fuireach gu h-ionadail, ach tha iad fhathast ag iarraidh faireachdainn cunntachalachd. Thuirt iad gum bu chòir sealbh a thighinn le dùil ri làthaireachd, cùram agus tabhartas.

“Cha bu chòir uiread luchd-seilbh fearainn neo-làthaireach a bhith ann — bu chòir sealbh a thighinn le uallach don àite agus a mhuinntir.”

IAIN, AN T-ÒBAN

Tha daoine airson a bhith a’ faireachdainn gu bheil an fheadhainn aig a bheil fearann na h-Alba agus a gheibh buannachd às ceangailte ri sluagh agus sgìrean na dùthcha.

FÌOR BHUAIDH AIR NA THACHRAS GU H-IONADAIL



Nuair a thig e gu mar a thèid fearann a chleachdadh, a leasachadh agus a riaghladh, thuirt barrachd air aon às gach 10 neach (13%) a-rithist is a-rithist gu bheil iad a' faireachdainn glaiste a-mach à co-dhùnaidhean a bheir buaidh air am beatha.

“Leig le daoine ionadail fìor ghuth a bhith aca ann an dè thachras air an fhearann mun cuairt orra gus nach fairich daoine air an gearradh a-mach agus gun chòir air na sgìrean aca fhèin.”

GUN URRA, A' GHÀIDHEALTACHD

“Le bhith a' faighinn guth ann an co-dhùnaidhean, dh'fhaodadh a' choimhearsnachd againn a bhith nam pàirt de na còmhraidhean agus na planaichean tùsail airson cruthachadh agus fàs, seach a bhith a' faireachdainn gu bheil atharrachaidhean air an sparradh orra agus gu bheil luchd-còmhnaidh a' faighinn faclan falamh seach fìor èisteachd.”

MAGGIE, SIORRACHD RAON FRÌU

Bhruidhinn luchd-freagairt air siostam dealbhaidh a tha a' faireachdainn fad às agus teicnigeach. Thuirt iad gu bheil co-chomhairlean gu tric a' tachairt ro fhadalach, nuair a tha co-dhùnaidhean air an dèanamh mu thràth. Tha seo a' fàgail choimhearsnachdan a' faireachdainn gun chluinntinn agus gun chumhachd. Dh'iarr daoine compàirteachadh nas tràithe agus nas brìghmhoire ann an co-dhùnaidhean, gu sònraichte a thaobh taigheadas, lùth ath-nuadhachail, coilltearachd agus pròiseactan tasgaidh mòra. Tha iad airson a bhith nam pàirt de bhith a' cumadh àm ri teachd na sgìre aca, chan ann dìreach a' dèiligeadh ri atharrachadh a tha ga sparradh orra.

“Tha mi a' smaoineachadh gum bu chòir do luchd-seilbh fearainn conaltradh a dhèanamh ri coimhearsnachdan faisg air làimh mu atharrachadh sam bith a thathar a' moladh air cleachdadh fearainn, agus eòlas ionadail a chur gu feum.”


MÀIRI, DÙN PHRIS IS GALL-GHÀIDHEALAIBH

“Cuir dòighean-obrach fo stiùir na coimhearsnachd an sàs ann an sealbh agus riaghladh fearainn — chan ann mar eacarsaich fhuadain ach mar chompàirteachas fìor.”

VICKY, A' GHÀIDHEALTACHD

Is e a chuala sinn nach eil fìor chompàirteachadh dìreach mu dheidhinn cothromachd, tha e a' leantainn gu builean nas fheàrr. Nuair a bhios coimhearsnachdan an sàs tràth, tha e nas dualtaiche gum bi leasachadh a' nochdadh fheumalachdan ionadail agus a' togail taic fad-ùine.

THUIRT 1 ÀS GACH 40 GUM FEUMAR BARRACHD A DHÈANAMH MU FHEARANN BÀN AGUS AIR A THRÈIGSINN



BRINGING WASTED PLACES BACK TO LIFE



Bho bhailtean beaga gu sgìrean ann am bailtean mòra, dhùisg làraichean bàna no trèigte faireachdainn làidir. Mhìnich timcheall air aon às gach 40 neach (2.5%) am mì-thoileachas a bhith a' fuireach ri taobh fearann falamh no togalaichean air am fàgail a' crìonadh bliadhna às dèidh bliadhna.

“Bu chòir dleastanasan laghail a bhith air luchd-seilbh gus dèanamh cinnteach gu bheil am fearann aca air a chumail ann an staid mhath.”

ALISON, SIORRACHD LANNRAIG A TUATH

Chan e a-mhàin gu bheil na làraichean seo grànda, tha iad nan samhlaidhean air dearmad – comas air a chall ann am meadhan choimhearsnachdan a dh'fheumas dachaighean, raointean uaine no àiteachan-obrach. Thuirt mòran gu feum ùghdarrasan ionadail cumhachdan nas làidire gus fuasgladh a chur an gnìomh nuair nach eil luchd-seilbh a' cumail suas no a' cur an fhearrainn aca gu feum ùr. Chuir cuid eile fòcas air cothrom: a' tionndadh raointean trèigte gu bhith nan gàrraidhean coimhearsnachd, taigheadas sòisealta no mòr-ionadan iomairt.

“Bu chòir toirt air luchd-seilbh fearainn is thogalaichean trèigte is falamh an cleachdadh, an reic no an tabhann don choimhearsnachd ionadail.”

NICK, SIORRACHD RAON FRÌÙ

“Bu chòir fearann a bhith ann do na h-uile. Bu chòir do dhealbhadh a bhith a' cuimseachadh air ath-chleachdadh fearainn trèigte is bàna mus tèid leasachaidhean ùra a cheadachadh.”

JOE, CRÌOCHAN NA H-ALBA

Tha daoine a' faicinn dèiligeadh ri fearann trèigte na dheuchainn air cothromachd agus àrd-amas: mura h-urrainn dha Alba na tha briste gu follaiseach a chàradh, bidh e duilich dhi misneachd a thogail ann an atharrachadh nas motha.



CÌS: DUILGHEADAS AGUS FUASGLADH



Thuir faisg air aon às gach deichnear (9.4%) gum faodadh atharrachaidhean air an t-siostam chìsean diofar mòr a dhèanamh air mar a tha fearann air a shealbhachadh agus air a chleachdadh ann an Alba.

Bhruidhinn daoine mu bhith a' cleachdadh chìsean ann an dòighean ùra – leithid cìs luach fearainn a thoirt a-steach, cìs a chur air luchd-seilbh neo-làthaireach, no cìs a chleachdadh gus sealbh fearainn a dhèanamh nas cothromaiche agus nas cuimsichte air buannachd coimhearsnachd.

Shaoil cuid gu bheil an siostam chìsean làithreach ga dhèanamh nas duilghe fearann a shealbhachadh agus a chleachdadh ann an dòigh chothromach agus torach. Bhruidhinn iad air duilgheadasan le Cìs Comhairle, Reataichean Neo-dhachaigheil, Cìs Oighreachd agus mar a thathar a' dèiligeadh ri màl tuathanachais.

“Thoir a-steach Cìs Luach Fearainn (LVT), an toiseach beag ach a' fàs nas motha thar ùine, gus cleachdadh fearainn nas fheàrr a bhrosnachadh.”

IAIN, SRUIGHLEA

“Bu chòir cìs a chur air sealbh fearainn ann an Alba ann an dòigh chothromach.”

IAIN, DÙN PHRIS IS GALL-GHÀIDHEALAIBH

“Cìs fearainn is seilbh gus maoineachadh ceart a thoirt do na seirbheisean poblach againn agus an siostam a dhèanamh nas cothromaiche.”

SÌM, DÙN PHRIS IS GALL-GHÀIDHEALAIBH



Ged a mhol daoine diofar bheachdan, dh'aontaich mòran gum faodadh cìs a bhith air a chleachdadh gus co-dhùnaidhean nas fheàrr a bhrosnachadh mu fhearann. Thug cuid taic do chis ùr luach fearainn gus atharrachadh nas fharsainghe a thoirt gu buil. Thuir cuid eile gum faodadh atharrachaidhean nas lugha cuideachadh le bhith a' coileanadh amasan sònraichte, leithid fearann trèigte a thoirt air ais gu cleachdadh no sgaoilidhean carboin a ghearradh bho thalamh mòintich.

**MHOL 1 ÀS GACH 10
ATHARRACHAIDHEAN
CÌSE MAR SHLIGHE
GU COTHROMACHD
AGUS TARBHACHD**

THA DAOINE AG IARRAIDH ADHARTAS



Thar gach cuspair, bha aon fhaireachdainn follaiseach; call foighidinn. Tha daoine den bheachd gu bheil am feum air atharrachadh air a thuigsinn gu math agus gu bheil iad airson adhartas fhaicinn.

“Dèan rudeigin tarbhach. Chan e barrachd co-chomhairle.”

RODAIDH, A’ GHÀIDHEALTACHD

Thuirt cuid gun robh an riaghaltas agus buidhnean air gluasad ro shlaodach air cùisean fad-ùine; thuirt cuid eile gun robh cus còmhraidh agus cus iomairtean geàrr-ùine ann. An coimeas ri sin, shaoil àireamh bheag gu bheil faireachdainn de dh’atharrachadh reachdail gun sgur a’ cur bacadh air tasgadh agus leasachadh, ach bhiodh eadhon an fheadhainn a tha teagmhach mu atharrachadh a’ cur fàilte air soilleireachd agus cinnt. Tha a h-uile duine ag aontachadh gu bheil feum air ceannardas agus coileanadh.

“Coma leinn bacadh biùrocratach. Tha e duilich gu leòr feuchainn ri bith-beò a chosnadh bhon fhearann às aonais sreathan gun chrìoch de phròiseasan agus riaghladh.”

GUN URRA, AONGHAS

“Tha sealbh fearainn an-dràsta a’ dol fodha fo riaghladh agus poileasaidh. Tha e a’ faireachdainn mar gu bheil gach lagh ùr dìreach a’ cur cuideam eile ris an eallaich an àite a bhith ga lasachadh.”

GUN URRA, DÙN PHRIS IS GALL-GHÀIDHEALAIBH

A dh’aindeoin mì-thoileachais, tha daoine dòchasach. Tha iad den bheachd gu bheil atharrachadh comasach – gum faod Alba a bhith nas cothromaiche, nas uaine agus nas freumhaichte gu h-ionadail ma roghnaicheas i obair le adhbhar.

“Bheireadh e dòchas dhomh gum faodadh cleachdadh fearainn seasmhach agus leantainneach a bhith na fhìrinn seach na mhiann.”

BILL, OBAR DHEATHAIN

DÈ THACHAS A-NIS...



Cleachdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba na chuala sinn tro ScotLand Futures gus ar comhairle don riaghaltas a chumadh. Bheir na co-dhùnaidhean fiosrachadh dhuinn air mar a chuimsicheas sinn air ar n-obair a' dèanamh cinnteach gu bheil na guthan a thèid a ghlacadh an seo a' toirt buaidh air ceumannan practaigeach agus fìor bhuilean.

Tha am foillseachadh seo a' dùnadh aon ìre de ScotLand Futures ach a' fosgladh tèile. Leanaidh na còmhraidhean, na beachdan agus na dùbhlain an seo orra a' cumadh ar stiùiridh agus dòigh-obrach nas fharsainge ann an Alba a thaobh fearann anns na bliadhnaichean ri teachd. Cleachdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba na chuala sinn tro ScotLand Futures gus fiosrachadh a thoirt don obair agus don chomhairle leantainneach againn, ga dhèanamh soilleir gum bu chòir fearann na h-Alba obrachadh airson a h-uile duine agus gu bheil feum air gnìomh leantainneach gus an t-amas sin a choileanadh.

“Tha còrr is dà dheichead ann bho chaidh gabhail ri laghan ath-leasachadh fearainn na h-Alba, a bha air thùs san t-saoghal, agus tha sinn fhathast a' feitheamh ri fìor atharrachadh air an talamh.”

GAVIN, DÙN ÈIDEANN

“Tha na h-atharrachaidhean a bu mhatth leam fhaicinn stèidhichte air sealladh soilleir: nach bu chòir prìomh adhbhar fearainn ann an Alba a bhith airson tadhal no coimhead air, ach airson a bhith beò air. Bu chòir ath-thogail àireamh-sluaigh na h-Alba a bhith na phrìomh amas aig ath-leasachadh fearainn.”

KARA, DÙN ÈIDEANN

“Tha am facal Gàidhlig dùthchas a' toirt cunntas air dàimh eadar daoine agus am fearann — dàimh de bhuinteanas, cùram agus uallach co-roinnte.”

SEASaidh, A' GHÀIDHEALTACHD

Tha daoine air feadh na h-Alba air am beachdan a dhèanamh soilleir gum bu chòir fearann obrachadh airson a h-uile duine. Is e an obair a-nis an t-amas co-roinnte sin a thionndadh gu misneachd co-roinnte gu bheil Alba a' dèanamh nan atharrachaidhean a tha a dhìth. Cuiridh an lèirsinn seo gu dìreach ri clàr-gnothaich poileasaidh ùr agus comhairle air crìochnachadh turas ath-leasachadh fearainn na h-Alba, a dh'fhoillsicheas an Coimisean anns a' Bhliadhn' Ùr.

Ma tha sibh ag iarraidh lethbhreac den sgrìobhainn seo sa Ghàidhlig, cuiribh post-d gu **commsteam@landcommission.gov.scot** no cuiribh fòn gu **01463 423 300**.

If you would like to request a copy of this document in Gaelic, please email **commsteam@landcommission.gov.scot** or call **01463 423 300**.



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba

Scottish Land Commission

An Lòchran

10 Inverness Campus

Inverness

IV2 5NA

info@landcommission.gov.scot

01463 423 300

www.landcommission.gov.scot



© Scottish Land Commission